

Comhairle na Gàidhealtachd

Cuspair Clàir-ghnothaich	8
Àir. Aithisge	G/10/25

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 4 Ògmhios 2025

Tìotal Aithisge: Mòd Nàiseanta Rìoghail Loch Abar 2025

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 Tha an aithisg seo a' toirt fiosrachadh do Bhuill mun t-suidheachadh làithreach a thaobh Mòd Nàiseanta Rìoghail Loch Abar 2025.
- 1.2 Tha Comhairle na Gàidhealtachd air Buidheann Conaltraidh a' Mhòid a stèidheachadh agus tha seo a' gabhail a-steach riochdairean bho dhiofar sgiobaidhean taobh a-staigh an ùghdarrais a leithid Ceadachd, Rathaidean, Foghlam, Eaconamaidh is Bun-structair, agus Conaltradh Corporra. Tha a' bhuidheann cuideachd a' gabhail a-steach dithis Bhall Thaghte, Àrd-Oifigear a' Chomuinn Ghàidhealaich (ACG), Manaidsear Conaltraidh ACG, Oifigear Gàidhlig ACG agus Stiùireadh Gnothachais ACG. Tha Iain Robasdan, Cathraiche Buidheann Conaltraidh a' Mhòid, cuideachd na Chathraiche dhen Chomataidh Eagrachaidh Ionadail.
- 1.3 Bheir Mgr Seumas Greumach, Àrd-Oifigear a' Chomuinn Ghàidhealaich, seachad taisbeanadh do Chomataidh na Gàidhlig. Bidh Neach-gairm na Comataidh Eagrachaidh Ionadail, A' Bh-uas Carolyn Groat, Ceannard Chànanan aig Àrd-Sgoil Loch Abar, cuideachd an làthair.

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:
 - i. Toirt fa-near do na gnìomhan gu ruige seo a thaobh stiùireadh is eagrachadh Mòd Nàiseanta Rìoghail Loch Abar a thèid a chumail eadar 10–18 Dàmhair 2025.

3. Builean

- 3.1 Goireas
Tha goireasan riatanach airson soirbheachas a' Mhòid ann an sgìre na Gàidhealtachd. Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt pàirt-mhaoineachadh dhan Mhòd le £37,500 gach bliadhna thairis air aonta libhrigeadh seirbheis còig-bliadhna agus tha taic stuthail ann cuideachd bho oifigearan Comhairle.

- 3.2 **Laghail**
Thathar a' leantainn mhodhan laghail, gu h-àraid tro riatanasan ceadachd agus ceadachd airson màil ùine-ghoirid.
- 3.3 **Cunnart**
Tha cunnart ann nach tèid am maoineachadh air fad a ghleidheadh gus an tachartas a mhaoineachadh gu h-iomlan mar a thathar an dùil aig an àm seo. Chan eil seo na chunnart ionmhasail dhan Chomhairle, ach dh'fhaodadh seo cron a dhèanamh air a cliù.
- 3.4 **Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine)**
Thathar a' leantainn mhodhan Slàinte is Sàbhailteachd mar a tha riatanach. Thathar a' cumail co-chomhairle leis a' Phoileas is leis an NHS, agus a' gabhail ealla do Chiad Chobhair.
- 3.5 **Gàidhlig**
'S e am Mòd an fhèis fharpaiseach chultarach Ghàidhlig as motha san t-saoghal. Tha gnìomh sa Phlana Ghàidhlig gun toirear aoigheachd dhan Mhòd ann an sgìre na Gàidhealtachd. Tha an tachartas a' taisbeanadh sàr thaghadh de chànan is chultar na Gàidhlig thar gach gnè – a' gabhail a-steach ceòl is òrain thraidiseanta, bàrdachd, dannsa, gnìomhachasan cruthachail, litreachas agus craoladh.

4. Buaidhean

- 4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.
- 4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.
- 4.3 'S e aithisg ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.
- 4.4 Aig an àm seo, chan eil e mar riatanas measadh buaidh iomlan a dhèanamh. Ach, tha sinn an-dràsta a' gabhail sgrùdadh os làimh co-cheangailte ri measadh buaidh. Thèid cunntas air toraidhean na h-eacarsaich sgrùdaidh a chur dhan ath aithisg adhartais mu Mhòd Loch Abar.

5. Stiùireadh agus Adhartas

- 5.1 Tha an earrann seo a' toirt geàrr-chunntas ùrachaidh air na raointean a leanas:
- Ionadan
 - Acadamaidh a' Mhòid
 - Tachartasan Iomall a' Mhòid
 - Sgeadachadh Shràidean is Thogalaichean
 - Com-pàirteachas Gnothachais

6. Ionadan

- 6.1 Tha naoi ionadan farpais air an gleidheadh airson nan tachartasan, a' gabhail a-steach Ionad Nibheis, Àrd-Sgoil Loch Abar, bun-sgoiltean, eaglaisean is taighean-òsta, agus tha fo-ionadan taobh a-staigh nan togalaichean cuideachd.
- 6.2 Tha Comataidh Eagrachaidh Ionadail a' Mhòid a' dèanamh measadh ro làimh gus fiosrachadh a chruinneachadh mu na goireasan a tha rim faotainn anns gach ionad agus a' comharrachadh rud sam bith a dh'fheumadh a bhith air a dhèanamh gus dèiligeadh ri feumalachdan.

7. Acadamaidh a' Mhòid

- 7.1 Bidh Fèisean nan Gàidheal a' libhrigeadh Acadamaidh a' Mhòid tro oidean na Fèisgoil aca. 'S e amas Acadamaidh a' Mhòid oideachadh a bharrachd a thoirt seachad ann an sgoiltean ann an sgìre Loch Abar air thoiseach air a' Mhòd. Tha iad air ochdnar oidean fhadastad, tha 18 sgoiltean air clàradh airson a' phrògram, thèid 297 seisean a libhrigeadh, agus bidh 493 sgoilearan a' gabhail pàirt.

8. Prògram Iomall a' Mhòid

- 8.1 Thathar air dreachd liosta de thachartasan Iomall a' Mhòid a chur air dòigh agus chaidh còmhraidhean tùsail a chumail le Astar Media gus am prògram deireannach aontachadh. Tha a' Chomataidh Eagrachaidh Ionadail fhathast a' faighinn iarrtasan bho bhuidhnean is bho dhaoine fa leth a tha airson pàirt a ghabhail ann am Prògram Iomall a' Mhòid.
- 8.2 Seach gu bheil am Mòd air fàs nas motha, tha feum air marquee am-bliadhna. Bheir seo barrachd chothroman dhan Chomunn Ghàidhealach a thaobh an tachartais.

Bidh na leanas ann am Prògram Iomall a' Mhòid:

- Consairt Ar Cànan 's Ar Ceòl (a' comharrachadh cultar is òrain ionadail)
- Moladh Ceilteach
- Cuirim Phìobaireachd
- Consairt Cuimhne air Fògradh (Òrain is eile à Alba Nuadh)
- Taisbeanadh Biadh is Deoch Loch Abar
- Oidhche Shònraichte ann an Ionad Nibheis
- Tachartas Dùnaidh

- 8.3 Bidh tachartasan ann cuideachd a bhios a' ruith tron t-seachdain a leithid:

- Taisbeanadh Mòd Loch Abar bho Thaigh-tasgaidh na Gàidhealtachd an Iar
- Duais Ealain Ghàidhealach Comunn Gàidhlig Lunnainn
- Cèilidhean Sràide ann an Ceàrnag nan Camshronach

Thathar cuideachd a' conaltradh le ionadan, taighean-bìdh is taighean-òsta gus liosta de thachartasan a chur air dòigh agus bidh iad a' nochdadh sa phrògram thachartasan.

9. Sgeadachadh Shràidean is Ionadan

- 9.1 Chaidh coinneamhan a chumail mun bhrann-dachadh a bhios air sgeadachaidhean sràide agus brataichean. Thathar an dùil brataichean a chur suas timcheall a' Ghearasdain agus air slighean a-steach dhan sgìre. Thèid seo a dhèanamh as t-samhradh gus aire a thogail mun tachartas. Tha sgoilearan bun-sgoile ionadail an-dràsta a' dealbhachadh bhrataichean a thèid suas air solais-sràide ron Mhòd. Bidh bratach mhòr cuideachd a' dol seachad air an Àrd-Shràid. Thathar cuideachd a' sgrùdadh roghainnean airson brann-dachadh a chur suas taobh a-muigh is taobh a-staigh nan ionadan. Tha Ionad Nibheis an-dràsta a' leasachadh an togalaich a thaobh gnothaichean teicnigeach agus sgeadachadh.

10. Com-pàirteachadh Gnothachais

- 10.1 Tha a' Chomataidh Eagrachaidh Ionadail a' leantainn air adhart a' conaltradh leis an roinn gnothachais, gus am bi am fiosrachadh às ùire aca mu gnothachasan aoi-gheachd san sgìre. Tha iad cuideachd a' conaltradh le Seòmar Malairt na Gàidhealtachd an Iar agus Sgioba Roinn Leasachadh Gnothachais a' Ghearasdain.

11. Atharrachadh Gnàth-shìde

- 11.1 Tha a' Chomataidh Eagrachaidh Ionadail a' beachdachadh air baidhsagalan-dealain a chur ann an àiteachan sònraichte.

12. Aonta Lìbhrigeadh Seirbheis

- 12.1 Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' conaltradh leis a' Chomunn Ghàidhealach a thaobh a bhith ag ùrachadh an Aonta Lìbhrigeadh Seirbheis (ALS) agus thèid seo aontachadh a dh'aithghearr. Thèid fiosrachadh mun ALS a thoirt gu comataidh san àm ri teachd airson aonta.

Ainmeachadh: Kate Lackie, Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

Annika Jansson, Àrd-Oifigear Foghlaim

Ceann-latha: 21 Cèitean 2025

Ùghdar: Mòrag Anna NicLeòid Mitchell

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: